



National
Qualifications
2026

X831/77/11

Gaelic (Learners) Reading and Translation

WEDNESDAY, 20 MAY

9:00 AM – 10:30 AM

Total marks — 50

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the section number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

You must leave your answer booklet on your desk; if you do not, you could lose all the marks for this paper.



* X 8 3 1 7 7 1 1 *

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about learning to play musical instruments.

Ceòl

Tha pàirt chudromach aig ceòl nar beatha agus tha ceòl air a chluich ann an iomadach àite an-diugh. Tha ùidh mhòr aig mòran dhaoine ann an ceòl. Cò nach bi ag èisteachd ri òrain, agus a' feadalaich no a' seinn aig an aon àm? Tha barrachd is barrachd dhaoine a' dèanamh am beòshlaint agus a' cosnadh airgid ann an saoghal a' chiùil. Agus tha feadhainn thàlantach ann as urrainn ceòl a sgrìobhadh no a chluich air ionnsramaid. Ach dè na buannachdan a tha an lùib a bhith ag ionnsachadh ionnsramaid ciùil?

'S e saidheans agus ealain a tha ann an ceòl agus 's e sgil dhoirbh, theicnigeach dha-rìribh a tha ann a bhith comasach air ceòl a chluich. Ge-tà, tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil e feumail do neach a bhith ag ionnsachadh ionnsramaid. Bidh luchd-ciùil ag iarraidh a bhith a' cur an cèill faireachdainnean no fiosrachadh don neach-èisteachd. Uaireannan, bidh pìosan ciùil ann a bhios a' toirt deur gu do shùil no, air an làimh eile, a bhios a' toirt ort dannsa. Nuair a dh'fhàsas tu cleachdte ri òran a tha a' còrdadh riut, bidh thu cho toilichte nuair a chluinneas tu a' chiad phong no dhà, agus togaidh e do spiorad ann am beatha thrang.

Canaidh dotairean gu bheil sgilean ciùil a' leasachadh na cuimhne oir tha barrachd fala a' dol chun na h-eanchainne — gu sònraichte a' phàirt a bhios a' riaghladh faireachdainnean eadar-dhealaichte agus a' cumail na h-inntinn geur. Mar sin, tha luchd-ciùil nas fheàrr air dèiligeadh ri uallach a thig nam beatha agus gheibh iad cadal nas fheàrr air an oidhche. Tha dotairean cuideachd ag ràdh gun tig isleachadh air bruthadh-fala agus uaireannan, gu bheil ceòl a' cuideachadh nuair a tha neach ann am pian. Tha a' cluich ionnsramaid mar eacarsaich don eanchainn. Coltach ri *sudoku* no tàileasg, tha e a' cleachdadh gach pàirt den eanchainn, mar am fradharc, a' chlaisneachd agus sgilean gluasaid.

Tha buannachdan sòisealta agus pearsanta ceangailte ri comasan ciùil. Tha tòrr spòrs agus fealla-dhà ann nuair a tha thu ag ionnsachadh ionnsramaid no a' cluich ann an còmhlan. Tha e tlachdmhor a bhith a' coinneachadh ri caraidean ùra, le ùidh anns an aon seòrsa ciùil riut fhèin. Tha luchd-ciùil nas fheàrr air a bhith a' cumail a' dol le rudan ùra. Cumaidh iad orra gus an dèan iad a' chùis air, dìreach mar a dh'fheumas iad nuair a tha iad ag ionnsachadh pìos ciùil ùr. Ann am beatha agus saoghal a tha a' gluasad cho luath, tha ag ionnsachadh ionnsramaid a' toirt air neach a bhith foighidneach oir feumaidh tu pìos a chluich gu slaodach an toiseach, a bhith a' làimhseachadh ùine gus am fàs thu cleachdte ris agus nas fheàrr air. Cuideachd, tha luchd-ciùil rianail oir tha pàtran ann am pìos ciùil agus tha e a' còrdadh ri luchd-ciùil 'pàtran' agus rian a bhith aca nam beatha cuideachd.

A thaobh sgilean ionnsachaidh, tha eòlaichean ag ràdh gun tig piseach air sgilean matamataig, sgilean leughaidh agus tuigse neach a tha ag ionnsachadh a bhith a' cluich ionnsramaid. Cluinnidh tu sgoilearan tric ag ràdh gu bheil e nas fhasa dhaibh obair a dhèanamh nuair a tha iad ag èisteachd ri ceòl oir tha e a' toirt spionnadh dhaibh. Tha luchd-ciùil cruthachail agus mar sin, tha iad nas cruthachaile le ealain, sgrìobhadh agus còcaireachd cuideachd.

Thòisich Màrtainn Caimbeul a' cluich na feadaig bho chionn dà bhliadhna. Tha esan gu mòr a' moladh ionnsramaid a chluich. "Cha robh e idir furasta dhomh an toiseach oir bha agam ri smaoinachadh air tòrr diofar rudan aig an aon àm, mar am fonn, mo chorrigan, mo bheul agus m' anail, ach chùm mi orm. Airson mo sgilean a leasachadh, chaidh mi gu fèisean ionadail gach samhradh agus gu seiseanan neo-fhoirmeil le luchd-ciùil traidiseanta eile.

Dh'fhàs mi na bu mhisneachaile agus bha mi cho moiteil agus pròiseil nuair a b' urrainn dhomh port a chluich nam aonar gun mhearachd. Bha e coltach ri bhith a' buannachadh rèis air

latha-spòrs no a bhith a' faighinn cead-dràibhidh!"

- 45 Ach tha cuid a' smaoineachadh gu bheil droch bhuaidh aig ceòl air daoine. Thuir Sileas Ghrann, a tha a' cluich ann an còmhlan-ciùil, "Bidh sunnd dhaoine a' fulang nuair a tha iad ag èisteachd ri ceòl brònach. Tha òrain le faclan fiadhaich, fòirneartach a' toirt droch bhuaidh air smuaintean agus dol-a-mach dhaoine òga." Nuair a bha i anns an sgoil, bhiodh
- 50 bha mi gan gluasad anns an aon dòigh cho luath agus airson ùine cho fada aig consairtean is cuirmean, 's gun robh cràdh anna. Bha an giotàr cho mòr agus bhiodh mo dhruim a' fàs goirt às dèidh oidhche air an àrd-ùrlar."

- Ge-tà, nuair a tha thu aig consairt, chì thu daoine gu sunndach air am beò-ghlacadh leis a' cheòl, gun guth air uallach. Tha e a' toirt aire dhaoine air falbh bho bheatha làitheil a
- 55 bhith ag èisteachd ri, no a' cluich ceòl no òran math. Tha fhios gu bheil feum againn uile air togail-inntinn agus toileachas mar seo an-dràsta 's a-rithist.

MARKS

Questions

Re-read lines 1–6.

1. Music is an important part of our lives and is played in many different places.
What examples show the interest people have in music?

3

Re-read lines 14–21.

2. The article discusses the impact music has on people's mental and physical health.
- (a) State any **three** examples of how musical ability can improve your physical health.
- (b) The writer states that playing an instrument is like exercise for the brain. How does it compare to *sudoku* or chess?

3

1

Re-read lines 22–31.

3. The article discusses how musical ability impacts social and personal skills.
- (a) In what way do musicians show determination when trying new things?
- (b) In what ways does learning to play an instrument help people to become more patient?
- (c) What does it tell us about patterns?

2

2

2

Re-read lines 32–36.

4. The writer discusses the impact playing a musical instrument can have on learning and creativity. What does he say?

3

Questions (continued)

Re-read lines 37–44.

5. Martin Campbell describes how he learned to play the tin whistle.
- | | |
|---|---|
| (a) What did he find difficult about it at first? | 2 |
| (b) What did he do to develop his skills? | 2 |

Re-read lines 45–56.

- | | |
|--|---|
| 6. In what ways does musician Julia Grant think music can have a negative influence on people? | 3 |
|--|---|

Now consider the article as a whole.

- | | |
|---|---|
| 7. What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. | 7 |
|---|---|

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

- | | |
|--|----|
| 8. Translate the underlined section into English: (lines 7–13) | 20 |
| <i>'S e saidheans agus ealain . . . ann am beatha thrang.</i> | |

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE